

# An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 99 (which corresponds to Litir 403). Ruairidh can be contacted at [rodny.macleane@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleane@bbc.co.uk)

A bheil sibh eòlach air Àird Chlach? Tha i ann an Siorrachd Narann. Tha i gu deas air Inbhir Narann. Tha i air an rathad eadar Inbhir Narann agus Baile nan Granndach. Tha Uisge Èireann – *the Findhorn River* – a' ruith tron sgìre.

Tha mòran ainmean-àite Gàidhlig ann an Àird Chlach. Ann am meadhan na sgìre, tha loch ann. Air a' mhap, tha ainm an locha air a litreachadh B-E-L-I-V-A-T. Ahà, thuirt mi rium fhìn, chan e ainm Gàidhlig a th' ann an sin. 'S e ainm Lochlannach a th' ann. Tha –*vat* aig deireadh ainm a' ciallachadh “loch” ann an Lochlannais. Mar eisimpleir, *Langavat* – loch fada. No *Laxavat* – loch nam bradan. Mar sin bha mi a' smaoinichadh gur e “BEL-ee-vat” an t-ainm a th' air an loch.

Uill, 's dòcha gun robh mi ceàrr. Bha mi a' bruidhinn ri fear a tha a' fuireach anns an sgìre. Dh'innis e dhomh gur e “bel-EEV-ut” a chanas daoine. Mmm, thuirt mi rium fhìn, cò as a thàinig an t-ainm? Agus a bheil e Lochlannach?

A rèir choltais, 's e ainm Gàidhlig a th' ann. Buaile Fhiodhaid – a tha a' ciallachadh *the cattle fold at the wooded place*. Buaile Fhiodhaid. Tha a' Ghàidhlig a' mìneachadh mar a chanas daoine ann am Beurla “bel-EEV-ut” seach “BEL-ee-vat”.

Bha fiodh gu leòr ann uaireigin. Tha an t-ainm-àite ag innse sin dhuinn. Agus tha fiodh gu leòr ann fhathast. Dè tha mi a' ciallachadh? Uill, tha coille mhòr mhòr timcheall an locha. Tha craobhan dùthchasach agus neo-dhùthchasach anns a' choille. 'S e àite brèagha a th' ann.

Tha dualchas àraidh aig Loch Buaile Fhiodhaid. Bhathar ag ràdh anns an t-seann aimsir gun robh tarbh-uisge a' fuireach san loch. Tarbh-uisge no *water-bull*. Bha e mòr mòr. Bha e cho dubh ris an t-suith.

Bha an tarbh-uisge ag ithe lusan anns an loch agus air bruach an locha. Nuair a bha na lusan gann, bha an t-acras air an tarbh-uisge. Bha e a' dol gu àiteachan eile airson biadh a lorg. Bha e cunnartach an uair sin. Innsidh mi tuilleadh mu dheidhinn an tairbh-uisge sin an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** A bheil sibh eòlach air Àird Chlach?: *do you know Ardclach?*; Siorrachd Narann: *Nairnshire*; eadar Inbhir Narann agus Baile nan

Granndach: *between Nairn and Grantown on Spey*; Uisge Èireann: *Findhorn River*; meadhan na sgìre: *the middle of the parish/area*; tha ainm an locha air a litreachadh: *the loch's name is spelt*; thuir mi rium fhìn: *I said to myself*; 's e ainm Lochlannach a th' ann: *it's a Norse name*; 's dòcha gun robh mi ceàrr: *perhaps I was wrong*; dh'innis e dhomh: *he told me*; Buaile Fhiodhaid: *Belivat*; bha fiodh gu leòr ann uaireigin: *there was plenty of wood there at one time*; tha coille mhòr mhòr timcheall an locha: *there is a great forest around the loch*; dùthchasach agus neo-dhùthchasach: *native and non-native*; bhathar ag ràdh anns an t-seann aimsir: *it was said in olden times*; tarbh-uisge: *water-bull*; cho dubh ris an t-suith: *as black as the soot*; lusan anns an loch agus air bruach an locha: *plants in the loch and on the bank of the loch*; airson biadh a lorg: *to find food*; cunnartach: *dangerous*; tuilleadh mu dheidhinn an tairbh-uisge: *more about the water-bull*.

ends